



Mar ann an sgàthan



Dè bhios a' tàladh luchd-turais a dh'Alba? Tha Sandy Dear bho VisitScotland ag innse carson a bhios uiread a' tighinn gach bliadhna



Seo mi air an tràan a' siubhal gu deas thar Druim Uachdair agus mi a' feuchainn ri smaoinneachadh dè sgrìobhas mi airson artaigil air cudrom na h-àrainneachd nàdarra do thurasachd. Agus tha a dh'fheumas mi ri fhaicinn mun cuairt orm. Eadar beanntan fo shneachd a' gheamhraidh agus tràighean mòra agus gach nì a tha eatarra, sin as coireach gum bi luchd-turais a' tighinn a dh'Alba air saor-làithean – agus a' tilleadh bliadhna an dèidh bliadhna.

Carson a tha àrainneachd nàdarra Alba cho tarraingeach do luchd-turais? Dh'fhaodadh nach eil na nithean as àirde no as motha no as iomallaiche againn. Ach rud a tha againn agus 's e sin measgachadh gun shamhail de sgìrean gun truailleadh agus gun tuineachadh far a bheil e furasta faighinn gu àrainneachd nàdarra a tha a' ceangal gu dlùth ris a' chultar. Tha sin a' ciallachadh gu bheil cruth na tìre na phàirt dhe na dh'fhoghlamas an neach-tadhail seach dìreach a bhith air cùl chùisean. Tha inntreadh furasta a' ciallachadh gum fritheil sinn air luchd-turais a tha a' tighinn a dh'Alba air cuairt ghoirid ann am baile mòr, agus a tha airson an fhiadh-

bheatha iongantach fhaicinn ann am feasgar, a thuilleadh air daoine a tha airson a bhith an seo airson cola-deug no nas fhaide.

Ann an 2007, rinn faisg air 16 millean de luchd-turais cuairt oidhche a dh'Alba. Chosg iad còrr is £4.2 billean sa bhliadhna agus thug sin taic do 9% dhe gach obair ann an Alba. B' e daoine bho thall-thairis a bha ann an 18% dhen luchd-turais a thàinig a dh'Alba, no mu £1.4 billean ann an 2007. Còmhla ri com-pàirtichean bhon ghniomhachas turasachd gu lèir, tha VisitScotland ag obair gu cruaidh còmhla ri com-pàirtichean eile on roinn phoblaich agus bho ghniomhachas na turasachd gus na tha luchd-turais a' cosg a chur am meud. Gus ar cuideachadh a' dèanamh seo, feumaidh tuigse a bhith againn air dè as toigh le luchd-turais mu Alba.

Bho 2004, thug VisitScotland coimisean do Sgrùdadh Fiosrachaidh an Luchd-tadhail airson tuigse nas fheàrr a bhith againn air an luchd-tadhail. 'S e an t-amas a tha againn sealladh a thoirt seachad air fèin-fhiosrachadh luchd-turais ann an Alba. Tha sinn cuideachd airson beachdan farsaing a thional bho iomadh seòrsa neach-turais airson gum faigh sinn beachd farsaing air turasachd ann

an Alba. Bidh sinn a' tàladh luchd-turais bhon taigh agus thall thairis as t-samhradh, agus bidh sinn a' bruidhinn riutha air a' fòn an dèidh dhaibh a bhith air saor-làithean ann an Alba.

Tha an toradh a' sealltainn gu bheil na h-adhbharan a tha luchd-turais a' roghnachadh tighinn a dh'Alba caran an aon rud bho bhliadhna gu bliadhna. Nam measg sin tha: na seallaidhean; rudan a nì agus a chì iad; cho càirdeil 's a tha muinntir an àite; nàdar agus fiadh-bheatha (nas cudromaiche do dhaoine bho thall thairis). Ann an sgrùdadh na bliadhna seo, bha na Spàinntich agus na Duitsich gu h-àraidh a' faicinn nàdar agus fiadh-bheatha mar nì cudromach. Gu dearbh, tha Alba air a meas mar an eag-cheann-uidhe as cudromaiche san Roinn-Eòrpa agus mar an naoidheamh as cudromaiche air an t-saoghal. Chuir turasachd fiadh-bheatha mu £210 millean ri eaconamaidh Alba ann an 2006.

Sin na nithean a bha an-còmhnaidh a' nochdadh mar adhbharan cudromach airson tighinn a dh'Alba air saor-làithean. Ach tha e cudromach cuimhneachadh gur e sin cuideachd na nithean a thathar am beachd as fheàrr a choileanas Alba.

1
A' coimhead sìos 'Queen's View' gu Sìth Chailleann on cheann an ear de Loch Teimhil.

2
Tha seallaidhean iongantach am meadhan ceanna-bhaile Alba, le creagan agus cnuic Pàirc Thaigh an Ròid a' cur ri sealladh miorbhaileach de Dhùn Èideann.

3
Bidh cuimhne aig mòran air an turas aca air sgàth a bhith an lùib fiadh-bheatha.

2



Coltas math air

Ann an sgrùdadh 2007, mheas an luchd-turais gu lèir às an Fhraing, às a' Ghearmailt agus às an Eadailt nàdar/ fiadh-bheatha mar an dà phrìomh adhbhar airson tighinn a dh'Alba. Thuirt 94% de luchd-turais às an Fhraing agus 97% às a' Ghearmailt gun robh seallaidhean cudromach no glè chudromach dhaibh airson tighinn a dh'Alba air saor-làithean. Thuirt fiù 's 87% de luchd-turais à Canada, anns a bheil seallaidhean àlainn, gur e na seallaidhean am prìomh adhbhar a bha aca airson tighinn a dh'Alba.

Bha e inntinneach cuideachd cho riarachaidhean 's a bha iad leis an sin an dèidh a bhith ann an Alba: bha 82% toilichte leis na seallaidhean a chunnaic iad.

Ann an sgrùdadh 2008, thuirt 95% dhen luchd-turais às na SA gun robh iad a' meas nan seallaidhean cudromach, agus gum b' e sin am prìomh adhbhar a bha aca airson tighinn a dh'Alba. Fhuair seallaidhean 4.8 à 5 airson riarachadh a thaobh nan seallaidhean.

Airson VisitScotland, tha dualchas nàdair, còmhla ri dualchas chultarail, na phrìomh chuspair anns gach iomairt margaidheachd a tha againn airson Alba. Tha e fiù 's a' nochdadh anns na h-iomairtean margaidheachd againn airson nam bailtean tron iomairt 'City Plus' a tha a' sanasachd cuairtean latha à Dùn Èideann no à Glaschu. Gu dearbh, tha na seallaidhean agus fiadh-bheatha aig cridhe oidhirp VisitScotland agus luchd-turais a thàladh, co-dhiù 's ann air làraich-lìn, tron phost no ann an irisean.





Cho math 's a th' anns an Roinn-Eòrpa

Bha ochdnar às gach deichnear a lion an rannsachadh ann an 2007 dhen bheachd gun robh Alba a' dìon agus a' toirt an aire air an àrainn nàdarra. Thuir ceathrar às gach deichnear gun robh uallach mun àrainneachd a' toirt buaidh air càit an deaghadh iad air saor-làithean. Ann an 1997 thuig VisitScotland cho cudromach 's a bha an àrainneachd do luchd-turais agus stèidhich iad Sgeama Gnothachas Turasachd Uaine (GTBS) còmhla ri ar com-pàirtichean. 'S e a-nis an sgeama as motha dhe leithid san Roinn-Eòrpa. Tha caomhnadh stòrais buill GTBS na phàirt mhòr de dh'Alba a bhith a' fàs na ceann-uidhe nas seasmhaiche do luchd-turais.

A thuilleadh air an sin, stèidhich sinn sgioba planaidh agus seasmhachd dhuinn fhèin aig VisitScotland. A bharrachd air gum bi VisitScotland nas uaine mar bhuidheann, cha bhi sinn a' cosg uiread air lùth no siubhal an cois na h-obrach. Tha sinn cuideachd ag obair còmhla ri gach roinn de VisitScotland gus leasachadh seasmhach fìghe a-steach dha gach nì a bhios sinn a' dèanamh. Tha sinn mar seo ag amas air pàirt a bhith againn ann a bhith a' dèanamh Alba mar an t-àite as seasmhaiche a thaobh turasachd san Roinn-Eòrpa. Bidh sinn cinnteach mar sin gum faigh muinntir an àite agus luchd-turais toileachas bho bheanntan àlainn Dhruim Uachdair agus bho na tràighean brèagha – am-bliadhna, an-ath-bhliadhna agus anns na linntean ri teachd.

4

Choisinn Ionad Eòin-mhara na h-Alba ann am Bearaig a Tuath Duais Oir Turasachd Uaine agus Gnothachas Turasachd na Bliadhna ann an 2008.

5

Tha tràighean àlainn ann an Alba leithid na tè seo aig Yellowcraigs, faisg air Dirleton ann an Lodainn an Ear.

